**Bòrd na Gàidhlig**

Brath Naidheachd
*Press Release*

***Please scroll down for English Version***

# IOMAIRTEAN GÀIDHLIG GAN STÈIDHEACHADH AIR FEADH ALBA

**08 An t-Ògmhios 2009**

Bithear a' cumail coinneamhan poblach gus beachdachadh air an t-slighe air adhart airson an lìonra Iomairtean Gàidhlig a tha Comunn na Gàidhlig a' stèidheachadh air feadh Alba, le taic bho Bhòrd na Gàidhlig agus Iomairt na Gàidhealtachd's nan Eilean. Bithear a' stèidheachadh nan Iomairtean Cànain, a tha bonntaichte air Mentrau Iaiths na Cuimrigh a bha fìor shoirbheachail, agus a bhios nam bunaitean airson leasachadh Gàidhlig aig ìrean coimhearsnachd, ann an Leòdhas (Nis gu Càrlabhagh), Uibhist a Deas, Barraigh, Ceann a Tuath an Eilean Sgitheanaich, Loch Abair, Glaschu, Dùn Èideann agus Iar-thuath na Gàidhealtachd.

Thathar a' cruthachadh nam buidhnean a bhios stèidhichte sa choimhearsnachd gus ìomhaigh na Gàidhlig àrdachadh ann an ceàrnaidhean sònraichte agus obrachadh còmhla ri daoine, buidhnean eile agus gnothachasan ionadail gus cleachdadh na Gàidhlig adhartachadh san sgìre. Tha dà amas shònraichte aca, meudachadh air an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig agus leudachadh air cothroman far am faodar Gàidhlig a chleachdadh. Nithear seo tro bhith a' brosnachadh agus a' co-òrdanachadh prògram làidir de thachartasan airson a h-uile aois agus a bheir cuideachadh mòr do na h-oidhirpean a tha a' dol air adhart ann an cruthachadh coimhearsnachdan seasmhach.

Thuirt Archie MacIlleathain, Ceannard Comunn na Gàidhlig, "Tha sinn air leth toilichte a bhith ag obair còmhla ri Bòrd na Gàidhlig agus Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean ann an stèidheachadh Iomairtean Cànain air feadh Alba agus tha sinn toilichte a bhith a' dèanamh eadar-dhealachadh anns na sgìrean ainmichte. Tha CnaG den bheachd gur e Iomairtean stèidhichte sa choimhearsnachd an dòigh air adhart airson an cànan a neartachadh agus a leasachadh ann an ceàrnaidhean far a bheil an cànan fhathast caran làidir ach daonnan ann an cunnart. Tha sinn a' cur ìmpidh air daoine a tha airson an cànan a chumail beò com-pàirteachadh ann agus chòrdadh e rinn am faicinn aig na diofar choinneamhan a thathar a' cur air dòigh airson mìneachadh ciamar a bhios na h-Iomairtean ag obrachadh."
Thuirt Art MacCarmaig, Cathraiche Bòrd na Gàidhlig, "Tha Bòrd na Gàidhlig air leth toilichte gu bheilear a' stèidheachadh nan iomairtean cànain. Tha am Bòrd den bheachd gun toir an lìonra Iomairtean stèidhichte sna coimhearsnachdan cothrom do bharrachd dhaoine meas a chur air a' Ghàidhlig agus a bhith ga tuigsinn agus, gu h-àraidh, ga cleachdadh. 'S e stòras a stiùireadh a-steach do cheàrnaidhean sònraichte aon shlighe air adhart ann an cur stad air

an lùghdachadh a thàinig air na h-àireamhan a tha a' bruidhinn Gàidhlig agus cuideachd air ìre cleachdaidh a' chànain. Tha e fìor chudromach gum bi taic againn sa choimhearsnachd agus gum bi buidhnean coimhearsnachd a' cuideachadh le prìomhachadh stòrais. Leigidh na h-Iomairtean leinn a bhith nas èifeachdaiche le stiùireadh ar stòrais a-steach do cheàrnaidhean agus tha e math a bhith a' coimhead uiread de bhuidhnean diofraichte a' tighinn còmhla airson a bhith a' cruthachadh an lìonraidh de mheadhanan taice a dh'fheumas sinn gus plana Nàiseanta na Gàidhlig a choileanadh gu h-èifeachdach. 'S e cur ar stòrais còmhla agus co-òrdanachadh nan oidhirpean a tha sinn uile a' dèanamh airson coinneachadh ri ar dùbhlain agus amasan coitcheann a bheir dhuinn an cothrom as fheàrr air adhartas a dhèanamh."

Thar nam beagan sheachdainean a tha romhainn bidh coinneamhan poblach ann an ceann a tuath Leòdhais, Uibhist a Deas agus Glaschu, airson na leasachaidhean sin a mhìneachadh nas fheàrr agus tha sinn a' toirt cuireadh do gach roinn den choimhearsnachd, do bhuidhnean agus do dhaoine às gach ceàrn den sgìre chun nan coinneamhan sin. Aig na coinneamhan, bithear a' mìneachadh nam prionnsabalan agus nan structairean agus bidh cothrom gu leòr aig na bhios an làthair cur ris an leasachadh. Às dèidh nan coinneamhan poblach sin, thèid Buidhnean-stiùiridh a chur ri chèile anns na diofar sgìrean, airson obrachadh còmhla ri Oifigearan nan Iomairtean ann an ullachadh prògraman gnìomha agus thachartasan gus daoine de gach aois a bhrosnachadh gu bhith a' toirt taic don chànan tro obair agus cothrom.

**Bidh coinneamhan poblach mar a leanas:**

**15 Ògmhios 2009, 7.30pm, - Sporsnis, Lìonal, Nis, Leòdhas**
**16 Ògmhios 2009, 7.30pm, - Talla Choimhearsnachd Bharabhais is Bhrù, Barabhas, Leòdhas**
**18 Ògmhios 2009, 7.30pm, - Ionad Ionnsachaidh agus Co-labhairt Albany, 44 Sràid Ashley, Glaschu, G3 6DS**
**22 Ògmhios 2009, 7.30pm, - Ionad Seann Sgoil Shiaboist, Siabost, Leòdhas**
**30 Ògmhios 2009, 7.30pm - Sgoil an Ìochdair, Uibhist a Deas**
**1 Iuchair 2009, 7.30pm - Talla a' Chidhe Loch Baghasdail, Uibhist a Deas**

**Bòrd na Gàidhlig**

Brath Naidheachd
*Press Release*

# GAELIC INITIATIVES BEING ESTABLISHED ACROSS SCOTLAND

**08 June 2009**

Public meetings are to be held to discuss the way forward for the network of Gaelic Language Initiatives being established throughout Scotland by Comunn na Gàidhlig, with support from Bòrd na Gàidhlig and Highlands and Islands Enterprise. The Language Initiatives, which are based on the highly successful Welsh Mentrau Iaiths, and will be the foundations for Gaelic development at community levels are being set up in Lewis (Ness to Carloway), South Uist, Barra, North Skye, Lochaber, Glasgow, Edinburgh and the North West Highlands.

The community-based organisations are being formed to raise the profile of the Gaelic language in specific areas and which work with individuals, other organizations and local businesses to promote the use of Gaelic in the area. They have two specific aims, to increase the number of Gaelic speakers and to expand opportunities where Gaelic can be used. This will be done by stimulating and coordinating a strong programme of activities across all ages and will greatly assist current efforts in creating sustainable communities.

Archie Maclean, Chief Executive of Comunn na Gàidhlig said, "We are delighted to be working with Bòrd na Gàidhlig and Highlands and Islands Enterprise in establishing Language Initiatives across Scotland and look forward to making a difference in the specified areas. CnaG believes that the community-based Initiatives are the way forward to strengthen and develop the language in areas where the language is still reasonably strong but under constant threat. We urge people who have an interest in the future of the language to get involved and wee look forward to seeing them at the various meetings being organized to explain how the Initiatives will work."

Arthur Cormack, Chairman of Bòrd na Gàidhlig said, "Bòrd na Gàidhlig is delighted that the language initiatives are being set up. The Bòrd believes that the community-based network of Initiatives will enable more people to appreciate, understand and, most importantly, use Gaelic. Targeting resources into specific areas is one way forward in reversing the recent decline in both the numbers speaking Gaelic and also the level of usage of the language. It is very important that we have community support and that community groups contribute to the prioritisation of resources. The Initiatives will enable us to channel our resources into areas more effectively and it is encouraging to see so many disparate bodies and agencies coming together to create the network of support mechanisms we need to deliver the National Plan for Gaelic effectively. By pooling our resources and coordinating the efforts

we are all bringing to bear on meeting the challenges and aspirations we share, we will have the best chance of making progress."

Over the next few weeks public meetings are being held in the north of Lewis, South Uist and Glasgow, to explain these developments in more detail and we are inviting all sections of the community, organisations and individuals from across the area to attend these meetings. At the meetings, the principles and structures will be explained and there will be ample opportunity for those attending to contribute to the development. Following on from these public meetings, Steering Groups will be formed in the various areas, to work with the Initiative Officers in preparing action programmes and events to encourage people of all ages to embrace the language through activity and opportunity.

**Public meetings are being held as follows:**

| | |
|---|---|
| **15 June 2009, 7.30pm, -** | Sporsnis, Lionel, Ness, Lewis |
| **16 June 2009, 7.30pm, -** | Talla Coimhearsnachd Bharbhais is Bhrù, Barvas, Lewis |
| **18 June 2009, 7.30pm, -** | The Albany Learning and Conference Centre, 44 Ashley Centre, Glasgow, G3 6DS |
| **22 June 2009, 7.30pm, -** | Ionad Seann Sgoile Shiaboist, Shawbost, Lewis |
| **30 June 2009, 7.30pm -** | Sgoil an Iochdair, South Uist |
| **1 July 2009, 7.30pm -** | Talla a' Chidhe, Lochboisdale, South Uist |

www.gaidhlig.org.uk
Fòn: 01463 225 454